

22 Am Faoilleach 2019

## A Phàrant/Neach-cùraim uasail

San Ògmhios 2016, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh litir mu Bhun-sgoil Tollbrae agus an sgoil-àraich – Gàidhlig agus Beurla. Aig an àm sin, bha sinn a' feuchainn a-mach modhan-obrach ùra a thaobh sgrùdadh sgoile agus a' cleachdadh chomharran càileachd ùra airson suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh. Bha sinn a' cuimseachadh ar obair sgrùdaidh an toiseach air taobhan de cheannardas agus rianachd thar na sgoile; càileachd an ionnsachaidh, an teagaisg agus a' mheasaidh, agus taic na sgoile airson na cloinne air fad a bhith a' dèanamh adhartas agus a bhith a' coileanadh cho àrd 's a ghabhas. Bha luchd-sgrùdaidh na Banrigh toilichte le càileachd an t-solair aig ìrean na bun-sgoile. Ach, dh'aontaich sinn leis an sgoil, agus le Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath, gun robh gach taobh den Sgoil Àraich – Gàidhlig agus Beurla - feumach air a leasachadh. Thill sinn chun na sgoil-àraich an dèidh seo gus faicinn mar a bhathar air cumail a' dol a' leasachadh a cuid obrach, agus dh'fhoillsich sinn litir eile san Lùnastal 2017. O chionn ghoirid, mar a dh'fhaodadh fios a bhith agaibh, thadhail sinn air an Sgoil Àraich a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ris a' chloinn agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus an luchd-obrach eile mu na ceumannan a tha an sgoil air a ghabhail airson a thighinn air adhart. Sheall sinn ri raointean sònraichte a chaidh an comharrachadh san sgrùdadh a chaidh a dhèanamh o thùs. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach mun adhartas a bha an sgoil-àraich air a dhèanamh, agus dè cho math 's a tha seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanaidhean chloinne.

Tha an litir seo a' cur an cèill na fhuair mi a-mach.

### **Leasaich gach taobh den t-solair san sgoil-àraich.**

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' leantainn orra a' mothachadh do leasachaidhean san t-solair tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla.

Tha an Ceannard a' leantainn air adhart a' toirt stiùir shoilleir do na tràth-bhliadhnaichean. Tha i a-nis air a h-uidheamachadh nas fheàrr gus coinneachadh ris na sùileachaidhean nàiseanta airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG). Tha an Ceannard dealasach gu ìre mhòr gus a bhith a' coileanadh nam builean as fheàrr as urrainn don chloinn air fad. Tha tidsear a chaidh a shuidheachadh ann an dreuchd o chionn ghoirid fiosrach mu FMG agus Foghlam Meadhan Beurla (EME). Còmhla ris a' Cheannard agus luchd-obrach, tha i a-cheana a' stiùireadh atharrachadh èifeachdach san Sgoil Àraich agus san Nursaraidh. Tha an luchd-obrach ag obair gu math gus solar leasaichte a thoirt dhan chloinn.

Thairis air FMG agus EME, mhothaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gun robh a' chlann sona, misneachail agus comasach. Tha a' chlann a' faighinn air adhart còmhla agus a' nochdadh spèis do chàch a chèile. Tha an tidsear agus an luchd-obrach cùramach, taiceil agus coibhneil ris a' chloinn. Tha seo a' cuideachadh ann a bhith a' togail fèin-spèis agus misneachd na cloinne. Tha a' chlann a' leasachadh sgilean ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean mun cluich agus mum blasadan-bidhe. Tha an tidsear agus an luchd-obrach nas soilleire leis a' chloinn mu na nithean a bhios iad ag ionnsachadh ann an cuid de cho-

theacsaichean de chluich agus leasachadh. Bu chòir dhaibh leantainn air adhart a' soilleireachadh ionnsachadh sa h-uile co-theacsa de chluich agus den churraicealam. Ged a tha targaidean fa leth air an cur fa chomhair na cloinne, feumaidh barrachd planaigh a bhith air a dhèanamh gus coinneachadh ri feumalachdan dhaoine fa leth agus feadhainn a tha nas comasaich. Tha clann a' dol an sàs gu math le teicneòlas didseatach gus taic a thoirt don ionnsachadh ann an àireamhachd. An uair a bhios iad a' leasachadh am mac-meanmna ann an cluich-riochd, tha iad a' nochdadh tuigse air an dòigh as urrainn do theicneòlas taic a thoirt do an sgilean eagrachaidh.

Ann am FMG, tha a' chlann a' faighinn buannachd bho inbhich a bhith ag eadar-obrachadh leotha gu tric tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo a' leabachadh bogadh sa Ghàidhlig mar phrìomh dhràibhear ann am fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh chloinne. An ìre mhath fad na h-ùine, tha tidsear FMG a' cleachdadh deagh raon de mhodhan-obrach bogaidh. Tha iad sin a' gabhail a-steach òrain agus còmhradh. Bhiodh e math nam biodh barrachd cuideim ga chur air innse sgeulachdan agus duain. Mar a bhios an àireamh sgoilearan ag èirigh, tha e cudromach gum bi an fheadhainn a bhios a' toirt taic do dh'ionnsachadh tro bhogadh fileanta sa Ghàidhlig.

Tha an tidsear a chaidh a shuidheachadh an dreuchd o chionn ghoirid a-nis a' stiùireadh planadh a' churraicealaim, còmhla ris an luchd-obrach. Tha an curraicealam a tha air a thabhann a' ciallachadh gu bheil a' mhòr-chuid de chlann a' dèanamh adhartas iomchaidh. Tha ionnsachadh na cloinne fhathast stèidhichte air cluich, le fòcas làidir air a bhith a' leasachadh litearras, àireamhachd agus sunnd. Tha e ri mholadh gu bheil bogadh, a tha iomchaidh don Sgoil Àraich, na fheart a tha mòran nas leasaichte den churraicealam. Tha barrachd cleachdaidh air comharran-càileachd sunnd a' togail tuigse na cloinne air fad mu bhith gan cumail fhèin fallain. Tha na seiseanan 'fuirich is cluich' agus 'a' fosgladh suas ionnsachadh' a' brosnachadh phàrantan gu bhith an sàs ann an ionnsachadh an cloinne. Bhiodh e a-nis na dheagh bhreith fòcas na bu làidir a bhith air cò ris a tha adhartas coltach thar na h-ìre as tràithe. Tha an tidsear agus an luchd-obrach air cleachdadh de chom-pàirtichean a mheudachadh gus cur ri fèin-fhiosrachaidhean na cloinne. A thaobh na cloinne a tha ann an FMG, tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' tadhal air an leabharlann ionadail airson seiseanan Gàidhlig Bookbug. A' dol air adhart mar phàirt den leudachadh de dh'uairean a thide saora, bu chòir barrachd feum a dhèanamh den Chomhairle mu Fhoghlam Gàidhlig gus dèanamh cinnteach à curraicealam FMG de dh'àrd-chàileachd. Mar a bhios an Sgoil Àraich a' gluasad gu togalach ùr sa Chèitean 2019, bidh an luchd-obrach ag aithneachadh gum feum a' chlann fèin-fhiosrachaidhean nas beartiche air a' bhlàr a-muigh.

Tha an tidsear agus an luchd-obrach a' cur an ionnsachaidh phroifeiseanta gu deagh fheum. Tha seo a' gabhail a-steach an ceanglaichean ri tidsearan aig ìre na bun-sgoile airson EME, agus airson FMG aig Bun-sgoil Chondobhrait. Tha cuimse shoirbheachail air a bhith aca mu chuideachadh clann gu bhith a' faireachdainn misneachail mu bhith a' gluasad bhon sgoil-àraich – Gàidhlig is Beurla - gu P1. Bu chòir dha na ceanglaichean sin a bhith air an cumail a' dol gus tuilleadh sàr mathas agus co-ionannas adhartachadh aig an ìre thràth a-steach do ìrean na bun-sgoile. Tha beagan thidsearan air an trèanadh ann a bhith a' lìbhrigeadh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar phàirt de Mhodh-obrach Chànanan 1+2. Tha a bhith ag obair le Fèisean nan Gàidheal air ciallachadh gu bheil a h-uile leanabh ann an P5-P7 air beagan Gàidhlig ionnsachadh. Tha seo air mothachadh na cloinne agus an luchd-obrach àrdachadh a thaobh cànanan na h-Alba agus FMG, gu nàiseanta agus mar phàirt de cho-theacsa na sgoile aca. Tha a' chlann ann am P5 air na h-òrain Ghàidhlig a dh'ionnsaich iad a

cho-roinn ris a' chloinn san Sgoil Àraich. Bu chòir dhan chothrom seo a bhith aig a' chloinn a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Beurla san sgoil-àraich cuideachd.

### Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air deagh adhartas a dhèanamh on chaidh an tùs-sgrùdadh a dhèanamh. Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an Sgoil Àraich – Gàidhlig is Beurla - leantainn air adhart a' leasachadh. Cha thadhail sinn tuilleadh co-cheangailte ris an sgrùdadh seo. Tha sinn a' faireachdainn gum faodadh na h-àireamhan a tha a' frithealadh FMG san Sgoil Àraich a bhith na b' àirde. Mar thoradh air sin, tha sinn ag iarraidh air Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath buaidh a' bhrosnachaidh a bhios iad a' dèanamh air FMG agus dà-chànanas, a mheudachadh. Innsidh Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath do phàrantan mu adhartas an t-suidheachaidh mar phàirt de na h-ullachaidhean airson a bhith a' toirt cunntas air càileachd a sgoiltean.

Joan C. Esson  
Neach-sgrùdaidh na Banrigh